

Cuspair Clàir-ghnothaich	7
Àir. Aithisge	G/16/21

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 16 Sultain 2021

Tìotal Aithisge: Cunntas às Ùr air Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus Foghlam tron Ghàidhlig

Aithisg le: Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

- 1.1 'S e adhbhar na h-aithisge seo fios às ùr a thoirt do Bhuill mu bhuileachadh chùrsaichean Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba (SQA) ann an Gàidhlig (Fileantaich) agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) ann an àrd-sgoiltean Chomhairle na Gàidhealtachd.
- 1.2 Tha an aithisg seo cuideachd a' toirt fios às ùr do Bhuill mun t-suidheachadh a thaobh nam prìomh raointean leasachaidh làithreach is teachdail a chuireas taic ri fàs ann am Foghlam Gàidhlig ann an Comhairle na Gàidhealtachd. Bidh seo a' cumail ri prìomhachasan bunaiteach Plana na Gàidhlig 3 agus builean Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. toirt fa-near do shusbaint a' phàipeir agus do na gluasadan leasachaidh brìgheil ann am buileachadh agus san àireimh sgoilearan a thathar a' cur air adhart gu deuchainn airson Gàidhlig (Fileantaich) agus Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) ann an ÀS4, ÀS5 agus ÀS6;
- ii. meal an naidheachd a chur air na daoine òga, na teaghaichean aca agus luchd-obrach sgoile airson leasachadh cho brìgheil ann am buileachadh SQA Gàidhlig (Fileantaich) sa Ghàidhealtachd anns an Lùnastal 2021; agus
- iii. aontachadh gun tèid aithisg a thoirt gu Comataidh na Gàidhlig a' soilleireachadh a' chleachdadh as fheàrr ann an ro-innleachdan a thathar a' cur an gnìomh gus an tuilleadh leasachaidh a thoirt air obair sna h-àrd-sgoiltean againn.

3. Buaidhean

- 3.1 Goireas – Tha na buaidhean air goireasan taobh a-staigh a’ phrìomh bhuidseit làithrich a tha a’ gabhail a-steach Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, Maoin Taic Covid, Bòrd na Gàidhlig, agus Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (Bòrd na Gàidhlig).
- 3.2 Laghail – Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd a Plana Gàidhlig a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean) – Tha an aithisg a’ cumail ri poileasaidhean co-ionannachd Chomhairle na Gàidhealtachd.
- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach – Tha Sgioba na Gàidhlig an-ceartuair a’ frithealadh nan coinneamhan uile air-loidhne is gu bhìortail, mar sin a’ lùghdachadh feum air siubhal airson gnothachas.
- 3.5 Cunnart – Tha an cunnart ìosal agus a’ cumail ri stiùireadh làithreach nàiseanta agus stiùireadh làithreach Chomhairle na Gàidhealtachd a thaobh Covid-19.
- 3.6 Gàidhlig – Tha an aithisg a’ neartachadh leasachadh na Gàidhlig taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus a’ toirt taic do bhith a’ buileachadh Plana na Gàidhlig.

4. Foir-shealladh – Ùghdarras Theisteanasan na h-Alba

- 4.1 Anns a’ Ghearran 2021, chaidh modail ath-sgrùdaichte airson a bhith a’ libhrigeadh thoraidhean Nàiseanta 5, Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach ann an 2021 a cho-roinn le Buidheann nan Teisteanasan Nàiseanta airson seisean 2020-21.
- 4.2 Rinn siostam foghlaim na h-Alba cinnteach gun robh pròiseas fianais luchd-ionnsachaidh ann airson taic a chur ri dearbhadh nan deuchainnean aig àm nuair a bha ionnsachadh air a bhriseadh gu mòr. Bha am pròiseas dearbhaidh seo ag amas air dèanamh cinnteach gun robh riatanasan dearbhaidh a’ cumail suas èifeachd nan teisteanasan agus gum biodh misneachd aig a’ phoball annta fhèin, san t-susbaint is sna co-theacsaichean aca. Gus taic a chur ri ionnsachadh is teagasg, chaidh co-phàirtean measaidh atharrachadh no a lùghdachadh a rèir sin leis an SQA.
- 4.3 Air Diciadain 18 Lùnastal 2021, dh’ainmich an SQA gum bi deuchainnean an t-seisein seo a’ gabhail àite bho 26 Giblean gu 1 Ògmhios 2022, le latha nan toraidhean air 9 Lùnastal 2022. Tha an SQA air innse gu bheil planadh airson a bhith a’ libhrigeadh nan deuchainnean a-nis a’ gabhail àite, le aire do phlanaichean airson bacaidhean sam bith a bharrachd a dh’fhaodadh tighinn am bàrr ri linn Covid-19.
- 4.4 Nam b’ e rud e is gum biodh briseadh susbainteach a bharrachd air ionnsachadh is teagasg san t-seisean seo, seach na thachair ann an 2020-21, tha an SQA cuideachd air innse gun tèid ceumannan taice freagarrach a bharrachd a chur air dòigh do luchd-ionnsachaidh airson dèanamh cinnteach gun urrainn do dheuchainnean a dhol air adhart fhathast.

5. Dàta Coileanaidh – Ìre 4–6 Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Gàidhlig (Fileantaich)

5.1 Tha na leanas a' toirt foir-shealladh air coileanadh ann am pasaichean A-C an dà chuid ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Gàidhlig (Fileantaich):

- Choilean 22 neach òg ann an ÀS4 pasaichean aig SCQF Ìre 4 ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh), an coimeas ri 12 ann an 2020 agus 9 ann an 2019.
- Choilean 50 neach òg ann an ÀS4 pasaichean A-C aig SCQF Ìre 5 ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) an coimeas ri 48 ann an 2020 agus 34 ann an 2019.
- Choilean 53 neach òg ann an ÀS4 pasaichean A-C aig SCQF Ìre 5 Gàidhlig (Fileantaich), an coimeas ri 47 ann an 2020 agus 43 ann an 2019.
- Choilean 16 neach òg ann an ÀS5 pasaichean A-C aig SCQF Ìre 6 ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh), an coimeas ri 13 ann an 2020 agus 16 ann an 2019.
- Choilean 29 neach òg ann an ÀS5 pasaichean A-C aig SCQF Ìre 6 ann an Gàidhlig (Fileantaich), an coimeas ri 27 ann an 2020 agus 24 ann an 2019.

Aig gach ìre agus aois, chaidh iomlan de 211 pas ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Gàidhlig (Fileantaich) a choileanadh ann an 2021, an coimeas ri 194 ann an 2020 agus 156 ann an 2019.

5.2 Tha graf-fiosrachaidh a tha a' dèanamh coimeas eadar dàta 2019 agus dàta 2021 ri fhaotainn ann an **Eàrr-ràdh 1**. Tha seo a' sealltainn fàs ann an àireamh nan sgoilearan a tha a' soirbheachadh ann an Teisteanasan na h-Alba airson Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Gàidhlig (Fileantaich).

5.3 Thathar ag aithneachadh, an dà chuid gu h-ionadail is gu nàiseanta, gu bheil feum a' sìor fhàs airson curraicealam a thogail a thaobh roghainnean cuspair ann am Foghlam tron Ghàidhlig, an dà chuid ann am Foghlam Farsaing Coitcheann agus aig an Ìre as Àirde ann an àrd-sgoiltean. Tha Foghlam Alba, Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle na Gàidhealtachd a' cumail chòmhradhean mun taic a tha a dhìth airson an raon seo a leasachadh. Tha seo na phàirt de dhealbh nàiseanta nas fharsainge a tha a' cur feum air structar taic ro-innleachdail gus an neartaichear an raon chuspairean a dh'fhaodas a bhith air an teagasg ann am FtG, an dà chuid ann am Foghlam Farsaing Coitcheann agus aig an Ìre as Àirde ann an àrd-sgoiltean.

6. **Dàta Tomhas-measaidh Nàiseanta** (Ùghdarrasan Ionadail Eile)

6.1 Chan eil Insight, an t-inneal tomhas-mheasaidh air-loidhne aig Riaghaltas na h-Alba, fhathast air a dhol beò agus mar sin chan urrainnear fhathast coimeas a dhèanamh eadar dàta buileachaidh SQA na Gàidhealtachd agus buileachadh ùghdarrasan eile is tomhaisean nàiseanta sònraichte eile.

6.2 Thathar a' moladh tuilleadh fiosrachaidh a thoirt do Chomataidh na Gàidhlig nuair a tha seo ri fhaotainn, nuair a tha Insight air ùrachadh, gus fiosrachadh iomlan a thoirt seachad mu luchd-fàgail na sgoile uile.

7. **Prìomh Eileamaidean de Leasachadh Foghlaim ann am PnG3 agus Pròiseactan Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig**

- 7.1 Tha paidhleat a' gabhail àite le Acadamaidh Bhiortail na Gàidhealtachd airson taic a chur ris a' Ghàidhlig ann am Foghlam Farsaing Coitcheann. Tha Gàidhlig a-nis air a libhrigeadh tro theagasg air-loidhne do dhà chlas ÀS1 agus dà chlas ÀS2 ann an Àrd-Sgoil Cheann Loch Liobhann airson luchd-ionnsachaidh Gàidhlig. Tha an leasachadh seo a' cur gu dìreach ri gealladh PnG3 gun cleachdar 'dòigh-obrach eagarach is sheasmhach gus àrdachadh a thoirt air an àireimh de Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig ann an ionadan'.
- 7.2 Thèid trèanaidh pròbhaidh 1+2 a thoirt seachad cuideachd dhaibhsan a tha a' teagasg taobh a-staigh sgoiltean C2 agus C3. 'S e seisean maidne air-loidhne a bhios an seo le seiseanan às dèidh sgoile a' leantainn air adhart bhon a seo airson taic a thoirt seachad agus dèanamh cinnteach gu bheil adhartas a' cumail a' dol. Bidh sgoiltean a tha a' libhrigeadh Gàidhlig mar C2 agus C3 fhathast a' faighinn taic tro chùrsaichean trèanaidh agus bidh cùrsaichean fèin-stiùirichte air-loidhne ann do thidsearan a tha airson an cuid sgilean Gàidhlig fhèin a leasachadh.
- 7.3 Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig, *Pròiseact 3 – Tuairisgeul airson Gàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne, Foghlam Bun-sgoile is Àrd-sgoile:*

Cuide ri luchd-ùidhe is com-pàirtichean, dealbhaich agus builich cothroman airson leasachadh proifeiseanta leantainneach, ag obair leis na coimhearsnachdan sgoile againn agus àrd-mhanaidsearan solar FtG taobh a-staigh sgoiltean, airson dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' freagairt air na feumalachdan aca, ag obair ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan eile nuair a tha sin a dhìth.

Tha eisimpleirean de dh'obair leasachaidh làithreach sna raointean seo mar a leanas:

- Thèid tachartasan didseatach gus lìonraidhean a thogail a cho-òrdanachadh le Sgioba na Gàidhlig gus an urrainn do thidsearan bun-sgoile, àrd-sgoile is pròbhaidh FtG thar na Gàidhealtachd ceangal a thogail às ùr le co-obraichean. Tha seo gu h-àraid cudromach do thidsearan a tha air tighinn dhan Ghàidhealtachd às ùr no a tha ag obair ann an sgoiltean dùthchail.
- A' co-roinn cleachdadh math le co-obraichean FtG air feadh na Gàidhealtachd.
- Cothroman còmhraidh airson cruthachadh ghoireasan air-loidhne a bhrosnachadh, agus cur ri ceistean sgrùdaidh mu bhuileachadh poileasaidh is mu ghoireasan, mar a thathar a' mìneachadh ann am PnG3.
- Thathar a' mapadh Chom-pàirteachasan Ionnsachadh Coimhearsnachd ann am prògram paidhleit eadar sgoiltean sònraichte agus oifigearan Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd. Tha seo a' toirt fiosrachadh mu phròiseactan a tha a' faighinn taic ann an sgoiltean bho Sgioba na Gàidhlig is com-pàirtichean eile agus thathar a' clàradh, a' planadh agus a' toirt fianais mun cho-obrachadh uile. Cuiridh seo ri dòigh-obrach ùraichte a thaobh a bhith ag aithris mun Ghàidhlig taobh a-staigh phròiseasan Planadh Leasachaidh Sgoiltean na Gàidhealtachd.
- Tha oifigearan agus tidsearan Chomhairle na Gàidhealtachd a' stiùireadh bhùithtean-obrach aig tachartasan nàiseanta, a' gabhail a-steach Eòlas (tachartas leasachadh proifeiseanta air a stiùireadh le Initial Teacher Education Group) agus CLAS (Comann Luchd-teagaisg Àrd-sgoiltean) agus tha iad a' leantainn air adhart len raointean-ùghdarras mar riochdairean ùghdarras air buidhnean-stiùiridh nàiseanta.
- Thug Sgioba Ceannardais is Cumhachdachaidh Foghlaim is Ionnsachaidh aoiageachd do bhùth-obrach ceannardais air an robh **A' Toirt Taic do**

dh'Fhoghlam tron Ghàidhlig, Cànan anns an Sgoil Agaibh agus bha seo fosgailte do sgiobaidhean ceannardais uile ann an sgoiltean.

- Tha oifigearan nan Tràth-bhliadhnaichean air riochdachadh thidsearan FtG a ghabhail a-steach sa bhuidhinn Eòlas-teagaisg Cluiche agus bidh iad a' cur thachartasan air dòigh san ath sheisean.


Ainmeachadh: Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha: 6 Sultain 2021


Ùghdar: Lena Walker, Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh:

LUCHD-IONNSACHAIDH — **GAEIC LEARNERS**



TORAI DHEAN DEUCHAINNEAN SQA



SQA ATTAINMENT RESULTS

GÀIDHLIG — **GAEIC FLUENT**

